

An t-Eilean na Bhaile Maoilios Caimbeul

Notaichean

Aig deireadh an dàin tha Caimbeul air iasad a ghabhail à 'Gaoir nam Ban Muileach' a chaidh a sgrìobhadh air bàs ceann-cinnidh le Mairearad Nighean Lachlainn anns an 17mh linn anns a bheil i a' toirt luaidh air gaisgeachd an duine is leis a' bhàs, air deireadh linn.

Tha Caimbeul air coimhearsnachd Ghàidhealach fhaicinn ag atharrachadh na latha fhèin. Ged a tha e beò ann an linn eile tha e comasach dha na faireachdainn a chur Mairearad Nighean Lachlainn an cèill a thuigsinn 's tha e gan leudachadh airson cur ris an teama aige an seo de chall eile, call na linne seo, call dualchais.

Beag-fhaclair

Baile Dh' fhaodar mìneachadh gum bheil diofair chiall aig an fhacal ach an seo 'se 'town' as freagarraiche an seo.

Clann na h-Oidhche Ainm dualchasach airson Clann O Muirgheasain (Moireasdanaich) a bha nam bàird. Seo fiosrachadh nach bi aig a' mhòr chuid air a' chiad leughadh ach dh' fhaodar gu bheil seo a' cur ri amas a' bhàird a bhith a' nochdadh dhuinn an t-astar eadar an dà shaoghal, Gàidhealach is neo-Ghàidhealach.

Notaichean Thidsear

Teamaichean

Atharrachadh; buaidhean neo-Ghàidhealach air coimhearsnachd
Ghàidhealach.

Ceanglaichean; eadar daoine, ri dualchas a' tighinn ma sgaoil.

Tha an saoghal a' fàs gu bhith na bhaile

Daoine a' call an luachan, traidiseanan, na rudan a tha gan dèanamh
diofraichte, an cultar.

Iarr air na h-oileanaich innse na rudan à cultar Ameireaganach air
a bheil iad fhèin cleachte a bhith a' coimhead no ag èisteachd.

'Se an aon chombaist chultarail a th' againn;
fiolmaichean, prògraman t.bh, àbhachdas, ceòl, stoidhle fasain,
biadh, irisean...

Tha Caimbeul ag amas air cho àbhaisteach, coltach is blian 's a tha
an saoghal a' fàs.

Dà chloich nan seasamh nan aonar

Tha na clachan a' samhlachadh àm eile, tha iad nan cuimhneachain
air àm eile. Tha e a' dèanamh tomhas air cò dha a chaidh an togail
is tha tomhas a' bhàird cho math ri gin eile.

Chunnaic mi clach eile - Dòmhnall Moireasdan...

Chan eil daoine a' tuigsinn an duine seo no an saoghal dham buin e

tuilleadh. Tha e air a dhèanamh na shrainnsear na eilean fhèin. Chan ann ri truas a tha am bàrd a' sealltainn ris ged-ta. 'S ann a tha e a' cur fo ar comhair cho beag stòras no tuigse a th' aig an treubh ùr a chur an dualchas air diochuimhn'.

Luachan do-ruigsinn do chàch a chèile...

'S iad na ceanglaichean eadar daoine, ri dualchas is cànan a tha am bàrd a' meas prìseil an seo 's e a' mìneachadh, le aon eisimpleir ionadail mar a tha na ceanglaichean air tighinn ma sgaoil.

Is tuath iad le cridheachan pàipear...

Tha na daoine 's an luachan air atharrachadh. An àite coimhearsnachd is coibhneas tha daoine beò gun eòlas air a' chèile. Cha bhi cuimhne orra ach mar ainmean ann am faidhleachan pàipeir.

Cha dean na mnathan gaoir tuilleadh...

'S ann bho 'Ghaoir nam Ban Muileach' le Mairearad Nighean Lachlainn a tha a' chiad phàirt den loidhne seo. Anns a' phìos bhàrdachd sin tha na mnathan Muileach a' caoidh an ceann cinnidh a chaidh a mharbhadh ann am blàr...

Anns an dàn aig Caimbeul tha e a' cleachdadh na loidhne airson an teama aige fhèin a dhaigneachadh - call na linne seo, call dualchais is na rudan sin a tha gar dèanamh diofraichte.

Chan eil adhbhar aig fiùs taibhsean na mnathan seo gaoir a dhèanamh tuilleach oir cò a chluinneadh no a thuigeadh an sgeul 's 's dòcha gur e a' cheist a bheil càil ann air fhàgail airson caoidh?

Tha na th' aig Caimbeul ri ràdh an seo air a dhèanamh nas treasa oir 's mathaid nach tuig an leughadair a bharrachd cò iad 'na mnathan' 's dè tha gam fàgail sàmhach.

Ceanglaichean ri piosan bàrdachd eile a-rèir teama

Diofar shaoghail a' tighinn còmhla;

'Bho a' dràibheadh ann an Ameireaga' le Julian Ronay
'oideachadh ceart' le Aonghas Macneacail
'Sùisnis' le Aonghas Pàdraig Caimbeul
'Rodhag 's a' bhliadhna 2000AD' le Morag NicGumaraid
'Tursachan' le Ruaraidh MacThòmais

Caractaran nan àrainneachd;

'Clann nighean an Sgadain' le Ruaraidh MacThòmais
'Mu chrìochan Hòil' le Ruaraidh MacThòmais
'Dha Fionnlagh MacDhòmhnaill à Hiort' le Tormod Caimbeul

Taic / Leughadh a bharrachd

Làrach nam Bàrd

www.bbc.co.uk/scotland/alba/foghlam/larachnambard

- clàradh den bhàrd a' mìneachadh dè thug air an dàn a sgrìobhadh
- clàradh de Dhòmhnaill Moireasdan ag aithris sgeulachd

An Aghaidh na Siorraidheachd, Crìsdean Whyte t.d. 32 mìneachadh leis a' bhàrd air dè a tha a' toirt air a bhith a' cruthachadh.

www.flickr.com

- làrach lìon air am faighear dealbhan de na clachan ann am Muile air a bheil Caimbeul a' smaoinneachadh (cnoc fada, Dervaig, Mull)

Prìomh Teamaichean

Dè an iomhaigheachd a tha am bàrd a' cleachdadh airson a' chuspair a rannsachadh?

An e meataforan no samhlaichean a th' aige, no an dà chuid?

Smaoinich air na dòighean 's a' fuireach air eilean 's ann am baile diofraichte.

Thoir sùil air an loidhne 'Sè baile a th'ann am Muile le sluagh sgapte'. Dè tha Caimbeul a' ciallachadh leis an loidhne seo? Cò an 'treubh measgte' air a bheil e a-mach? Dè a' chomhlachas a th' aig an fhacal seo?

Ciamar a tha 'an saoghal a' fàs gu bhith na bhaile'?

Dè na dòighean a dh' fhaodar a ràdh gu bheil seo fìor?

Nad bheachd, dè bhuidh a th'aig cultar Amerigeach oirnn san dùthaich seo?

Smaoinich air prògraman t.bh, fiolmaichean, àbhachdas, ceòl, biadh, branndaichean, fasain...

Structar, cuimireachd agus ath-aithris

Thoir sùil air coltas an dàin air an duilleig.
A bheil cuimireachd ri fhaicinn eadar an dà leth?

An urrainn dhuinn tomhas beagan mu fhaireachdainnean a' bhàird bhon structar is an ruith a th'air na rannan?

Tha ìomhaigh nan clachan ann am meadhan an dàin 's rannan mu atharrachadh ga cuairteachadh. A bheil cumadh an dàin 's an teama coltach ann an dòigh sam bith?

Mothaich na h-abairtean a th' air an ath-aithris.
Smaoinich air loidhne 1 agus an earrann mu dheireadh den loidhne mu dheireadh. Dè an t-atharrachadh a tha air tighinn air an dòigh 's a tha an loidhne air a chur seachad?

A bheil na pàtarain seo gar cuideachadh a bhith a' leantainn teachdaireachd an dàin air fad?

Structar, cuimireachd, ath-aithris (2)

Cuimireachd

Tha a' chiad 's a' cheathramh rann nas giorra.

Tha an darna 's an treasamh rann las fhaide.

Tha an loidhne mu dheireadh fa leth.

Chan eil cabhag air a' ghuth ann an rannan 2 agus 3.

Tha ruith nan loidhnichean seo nas socaire, nas ciùine 's nas stòlda.

Tha am bàrd a' leudachadh ìomhaigh nan clachan a tha air seasamh fad linntean is gan coimeas ri fear a rugadh ann an linn eile bhuaith-ne a-nis.

Tha na loidhnichean sa chiad 'sa cheathramh rann nas giorra.

Tha na rudan air a bheil e bruidhinn air an toirt seachad mar rudan cinnteach, beachdan a tha deiseil 's deante.

Cumadh

Tha an leanag 's na clachan ann an am meadhan an dàin, mun cuairt air tha beachdan mun atharrachadh a tha air tighinn air an eilean. Tha e air a chuirteachadh 'san aon dòigh 's tha Muile air a chuirteachadh le cultar ùr, 's a tha Domhnall Moireasdan air a chuirteachadh le sluagh nach tuig e.

Ath-aithris

Loidhne 1 = 'ann an dòigh 'se baile a th'ann am Muile'

Mar gun robh teagamh 'sa bheachd, 's e ann an còmhradh leis fhèin, a' smaoineachadh air a' phuing.

Loidhne 24 = 'is an t-eilean na bhaile.'

Tha an smuain air a thoirt gu crìch, abairt cinnteach, dìreach, teann, air a ràdh le cinnt.

Guth is tònà

Cò leis a tha an guth a tha a' bruidhinn?

Smaoinich air dè tha an guth a' dèanamh anns na 4 rannan?

A bheil e ag innse, a' cuimhneachadh, a' ceisneachadh, a' sealltainn...?

Dè na buadhairean a dh' fhaodamaid cleachdadh airson bruidhinn mun ghuth?

Cia mheud dhiubh seo a bhiodh iomchaidh?

fiosrachail	neo phearsanta	tioram
fad às	dìreach	gun bhlàths
comhfhurtail	pearsanta	dealbhach
bàrdail	measail	
mac meanmhail	bàrdachail	

Dè na loidhnichean 'sa bheil iad a' cluinntinn guth bàrdail, romansach air choirgein? Saoil ciamar a tha seo a' cur ri teachdaireachd a' bhàird?

Gabh ceum air ais 's smaoinich air an dàn gu lèir; Dè tha sinn a' tuigsinn mu fhaireachdainn is beachdan a' phearsa seo?

Ciamar a tha an guth a' cuideachadh ann a bhith a' cruthachadh tònà san dàn? Dè na buadhairean a chleachadh tu airson an tònà a mhìneachadh?

Am bheil an guth a' moladh no a' caoidh? A bheil an dà rud ri chluinntinn? Am bheil am bàrdachd nas èifeachdaiche airson sin?

Guth is tònna (2)

Rann 1, 4 = tha an guth a' beachdadh, ag innse, a' mìneachadh
Tha e tòiseachadh seantansan le gnìomhairean cinnteach; 'Se' 'Is' is 'Tha'.
Rann 2, 3 = tha e a' cuimhneachadh 's a' moladh 's a' tomhas

'Se abairt romansach a th'ann an 'Colbh sgairteil de Chlann na h-Oidhche'. 'Se seann ainm bàrdail a th'ann airson Clann O Muirgheasain (bàird is seanachaidhean). Bhiodh Domhnall Moireasdan ag radh gur ann às na daoine sin a thàinig e. Tha an t-ainm à àm eile 's a' ceangal Moireasdan ri a dhualchas.

Dè tha sinn a' tuigsinn mu faireachdainn is beachdan a' bhàird?

Tha e a' toirt eisimplear pearsanta dhuinn - sgeul fìor is pearsanta. Tha e eòlach is measail air Domhnall Moireasdan.

Chan eil blàths na ghuth nuair a tha e a' smaoinichadh air an 'treubh ùr'.
Tha atharrachadh sa ghuth a' cur ris an teama de dh' atharrachadh sa chultar 's a' choimhearsnachd.

'Se an dà chuid moladh 's caoidh a th'ann. Tuigidh sinn nas fheàrr cho mòr 's a tha an call am beachd a' bhàird 's cho geur sa tha e ga faireachdainn.

Pungachadh / comhardadh / sruth fhacal / co-fhuaimeachd

Dè na rannan anns a bheil pungachadh foirmeil is seantansan slàn?

Dè na rannan anns a bheil pungachadh mì-fhoirmeil is leth seantansan?

Leugh an dàn a-mach a-rithist agus feuch dè a bhuaidh a th'aig pungachadh air mar a tha an dàn a' ruith. An toir sibh an aire cuin a tha luaths an dàn ag atharrachadh?

Saoil carson nach eil tòrr phungachaidh ann an rann 2 is 3?

Dè na facail a tha doirbh no mì-chomhfhurtail an radh?

Dè na pàtarain fuaim a lorgas tu? Bu chòir smaoinichadh air còmharradh sam bith, sruth fhacal agus co-fhuaimeachd.

Dè tha am bàrd a' feuchainn toirt gu ar n-aire leis a' phungachadh is na pàtarain fuaim?

Pungachadh comhardadh / sruth fhacal / co-fhuaimeachd (2)

Rannan 1 & 4 = pungachadh foiremeil 's seantansan slàn.

Rannan 2 & 3 = leth sheantansan, punagachadh mì-fhoirmeil ...('sa mhòr chuid)

Dh'fhaoite nach eil tòrr phungachadh ann an rann 2 & 3 oir tha mar a tha na facail air an cur air pàipear a' tighinn a-rèirs an ruith nàdarra a chleachdamaid 's sinn a' còmhradh. 'Se smuaintean feallsanach a th'aige 's tha ruith socair na loidhneachan iomchaidh air an son.

Comhardadh = rann 1 measgte, spapte, teicnigeach (comhardadh neo-dhìreach)

Sruth fhacal = rann 1 sluagh sgapte, a' seargadh ann an saoghal

Co-fhuaimeachd = rann 2 fhàgail, naomh, nam aonar, gràdh, clachan-cuimhne...
= rann 3 inntinn, mar sgithinn

Fuaimean mì-chomhfhurtail = sgapte, measgte, a' seargadh, saoghal gnìomhachais, teicnigeach, cridheachan pàipeir.

Dh' fhaoite gu bheil a' bhàrd airson cuimhneachadh dhuinn gur ann ann an sgeulachdan nan daoine, seanachas is beul-aithris a tha dualchas fuaigheilte.

Dh' fhaoite gu bheil na fuaimean socair a' toirt a-steach air an leughadair sàmhchair na coille 'sa bheil na clachan.

Gnìomhairean

Dè na gnìomhairean a tha air an cleachdadh ann an rann 1 airson innse mun atharrachadh a tha a' tachairt ann am Muile, anns an t-saoghal san fharsaingeachd?

Dè a' chòmhachas a th' aig na gnìomhairean seo?

Dè tha taghadh nan gnìomhairean sin ag innse dhuinn mu ciamar a tha am bàrd a' faicinn an atharrachaidh seo?

Dè an guth anns a bheil na gnìomhairean ann an rann 2 is 3?

Dè an dòigh 's a bheil an guth seo iomchaidh 's a' cur ris a' chuspair?

Gnìomhairean (2)

Rann 1

a' fàs

a' seargadh

Cleachdaidh sinn na gnìomhairean airson bruidhinn mu nàdar.

Tha am bàrd ag ràdh 's dòcha gur e gluasad nach gabh stad a th' ann - *organic* gu ìre is nàdarra.

Rann 2

Chaidh leanag fhàgail dhaibh...

Clachan ...a thogadh...

Tha na gnìomhairean anns a' ghuth fhulangach a' cur nan gnìomhan nas fhaide air ais ann an tìm. Chan eil fhios againn cò rinn an togail, cò dh' fhàg leanag dhaibh.

Ìomhaighean

Tha an Caimbeul a' dèanamh tomhas air cò dha a chaidh na clachan an togail.
A bheil tomhas agaibh fhèin carson a dh' fhaodadh a leithid a bhith ann?

Tha Caimbeul a' samhlachadh Dòmhnall Moireasdan ris na clachan.
Dèan liosta de na dòighean a dh' fhaodadh an duine a bhith coltach riutha.

Tha dà shaoghal an aghaidh a' chèile san dàn seo.
Dè na rudan sònraichte a tha air an cur an aghaidh a chèile airson seo a dhèanamh soilleir?

Feuch co-dhù 5 pàidhrichean eile a lorg

Mar eisimpleir;

Eilean	an aghaidh	baile
cinneadh	an aghaidh	treubh ùr

Ni na sgaraidhean ann an dàn an teama/ na teamaichean nas follaiseaiche.

Is tuath iad le cridhichean pàipear
Pàtarain faoine a' losgadh.

Smaoinich an toiseach dè na feartan a th'aig pàipear an coimeas ri clach?

Dè tha Caimbeul a ràdh an seo mun 'tuath'? a bheil comhlachas aig an fhacal 'tuath'?

Dè na 'pàtarain faoine' a dh' fhaodadh a bhith an seo? Dè an dealbh a tha seo a' cur nad cheann?

Saoil am bi sgeul air gun robh na daoine seo ann ann am mìle bliadhna 1000 eile?

Ciamar a tha na loidhnichean seo a' cur ri teachdaireachd an dàin mu chall dualchais?

Ìomhaighean (2)

Tha dealbhan de na clachan seo air làrach 'flicker' (ma lorgas sibh airson Mull, cnoc fada, standing stones)

Dh' fhaodar faighneachd a bheil iad fhèin air clachan, coltach riutha fhaicinn 's am beachd air carson a chaidh an togail.

'Se a' phuing gu bheil an tomhas a nì iad cho coltach ri tomhas a' bhàird fhèin an seo.

Dòmhnall Moireasdan / na clachan

Chan eil aon fhreagairt shìmplidh an seo. Bu chòir dhaibh na freagairtean aca a choimeas. Seo cuid de na rudan a dh' fhaodadh nochdadh;

-Tha iad air an dìochuimhneachadh, chan eil daoine gan tuigsinn tuilleadh.

- 'Se gaisgeach a th'ann an sùilean a' bhàird. B' fhiach clach a thogail dha.

- Buinidh iad do dh' àm eile. Tha rudegin draoidheal is neo-shaoghalta mun tiotal a th'air a thoirt dha D.M. 'colbh sgairteil de Chlann na h-Oidhche'.

- 'Se an aon chànan romansach a th'air a cleachdadh airson bruidhinn mun phrionnsa 's a ghràdh.

Na sgaraidhean

eilean vs. saoghal

Muile vs .Baile

a' fàs vs. a' seargadh

sìol rìoghail vs. tuath

gaoir vs. sàmhchair

treubh ùr vs. seann chinneadh

gnìomhachas vs seanchas

clach vs. pàipear

Clach vs. Pàipear

rud a sheasas, a mhaireas vs. rud nach mair, a ghrodas.

Cha bhith sgeul no cuimhne orra ach mar ainmean ann am faidhle.

Pàtarain faoine

airgead a tha prìseal dhaibh, nan cridhe

ainmean sgrìobhte, ainmean ann am faidhlichean.

Luachan do ruigsinn dha chèile...

Dè am mìneachadh a dhèanadh tu air am facal 'luachan'?

A bheil iad nas cudthromaiche no nas follaisiche ann an coimhearsnachd dhùthchail, bheag na ann am baile mòr?

A bheil fios againn càil mu na luachan a bhiodh aig an seann chinneadh? Dè na rudan a bhiodh prìseil dhaibh?

Saoil dè na luachan a bhiodh Dòmhnall Moireasdan a' meas prìseil?

Dè mu na luachan a th'aig an treubh ùr?

Dè anns a bheil am bàrd fhèin a' cur luach? Ciamar a tha sin air a cur fod chomhair?

Luachan do ruigsinn do chèile...(2)

Mìneachadh air 'luachan'

gaisgead

coimhearsnachd

daimh eadar daoine

ceanglaichean

dualchas

cànan

seanchas

beul-aithris

eachdraidh

eadar dhealaichte airson diofar chultaran

Tha am bàrd a' tomhas gur fheudar gun robh an cinneadh a' cur luach ann an gaisgead air choiregin, gun robh creideamh air choiregin aca.

Dh' fhaodar a ràdh gu bheil tuigse nas fhèarr aig a' bhàrd air na seòrsa luachan a bhiodh aig Dòmhnall Moireasdan na aig an treubh ùr.

Cha dèan na mnathan gaoir tuilleadh...

Aig deireadh an dàin tha Caimbeul air iasad a ghabhail à seann òran, 'Gaoir nam Ban Muileach' a chaidh a sgrìobhadh air bàs ceann-cinnidh anns an 17mh linn. Anns a' phìos seo tha i a' toirt luaidh air gaisgead an duine is le bhàs meud an call dhan choimhearsnachd.

Carson a thagh Caimbeul an loidhne seo a chleachdadh?
Dè tha am bàrd a' feuchainn innse dhuinn aig an àm seo?

Dè an t-adhbhar nach dèan na mnathan gaoir tuilleadh?

Is mathaid nach eil fios againn-ne, gun barrachd rannsachadh, cò iad 'na mnathan' 's carson a bha iad a' dèanamh 'gaoir'. Smaoinich air a' chiad uair a leugh thu an dàn seo 's ciamar a thug an loidhne seo ort a bhith a' faireacdainn?

Ciamar a tha sin a' cur ris an teama de chall?

Carson a tha an loidhne mu dheireadh fa leth mar seo?

Ciamar a tha an loidhne seo gar cuideachadh a bhith a' faighinn grèim air ciall na bàrdachd gu lèir?

Cha dean na manthan gaoir tuilleadh (2)

Le bhith a' cleachdadh na loidhne seo tha am bàrd a' sealltainn gu bheil e a' tuigsinn nam faireachdainnean a tha 'sa bhàrdachd aig Mairearad Nighean Lachlainn. Tha e a' toirt ciall ùr dha na facail.

Cha dèan iad gaoir tuilleadh oir chan eil càil ann airson caoidh tuilleadh - 'chan eil gaisgeach nam measg a dhearbhas a threòir'. Tha a' bhàrdachd is an t-atharrachadh deiseil. Tha an t-eilean na bhaile.

Tha an leughdair air a thoirt a-steach mar eisimpleir den atharrachadh. Tha sinne mar phàirt den sgeul seo mu dìochuimhneachadh is call.

Beachd pearsanta

Coimhead air ais air an dàn.

Dè ar beachd air mar phìos litreachais le teachdaireachd? Carson, nad bheachd, a sgrìobh Caimbeul an dàn seo? Dè cho sgileil 's tha e air an dà shaoghal a shnìomh còmhla?

Ged a tha am bàrd a' dèiligeadh ri àite ionadail is neach air a bheil e fhèin eòlach, an aontaicheadh tu gum bheil e cuideachd ag ràdh rudegin mu choimhearsachdan is cor chultaran anns an t-saoghal san fharsaingeachd?

An tug e ort smaoineachadh mu do bheatha fhèin ann an dòigh sam bith? A bheil thu a' dol leis na beachdan aig Caimbeul? An tug e ort smaoineachadh mun àite sa bheil thu fhèin a' fuireach? Dè an cultar dham bheil ceangal agad fhèin?

Beachd pearsanta (2)

Misnich na h-oileanaich a bhith a' deasbad nan dòighean 'sa tha iad gam faicinn fhèin diofraichte a thaobh cultar. Dè an coimhearsnachd/ na coimhearsnachdan dham buin iad? Dh' fhaoite gur ann ceangailte ri cànan, creideamh, ceòl, coimhearsnachdan air loidhne fiùs...a bhios am freagairtean.